

APS. 1.81.3

DODDRIDGE: SEARMON.
1837

APS. 1. 81. 3

CURAM AN ANMA AIR EARALACHADH MAR AN
T-AON NI FEUMAIL,

SEARMON,

AIR A

SEARMONACHADH MU BHAS NEACH OIG,

AIG

Maidcill, ann an Siorramachd Northampton,

AIR AN

22 DO MHIOS MEADHONACH AN T-SAMHRAIDH 1735,

LE

P. DODDRIDGE, D.D.

AGUS A

NIS AIR A H-EADAR-THEANGACHADH GU GAELIC,

LE

P. MACPHARLAIN.

.....
*Clodh-bhuailt' air iarrtus na Cuideachd Urramaich a tha chum Fòlus Chrìosd
a' sgaoileadh feadh Gueltachd agus Eileana na h-Alba.*
.....

DUNEIDINN:

CLODH-BHUAILTE LE D. R. COLLIE.

1837.

R A B H A D H.


LEIS mar nach b' e mo rùn gu 'n saoilèadh aon neach gu 'n robh mi tuilleadh 's ullamh gus an t-searmon neo-dheas-labhrach so mu chùis cho coitchionn a chur a mach, 's maith leam innseadh do 'n leughadair ciod bu choireach r'a dheanamh.

Bha 'n t-Searmon so a leanas an tùs air a liuthairt an làthair àireimh mhòir an àm adhlaic' neach oig àraidh, a chaidh a ghrad bhualadh le tinneas buairesach marbhtach, gidheadh cha d' thug e air falbh a tuigse'; bha trom mhothachadh aice air a sonas sìorruidh, agus chuir i an céill am mothachadh sin air mhodh a dhrùigh orm co mòr ri aon ni riamh do 'n ghnè sin a chunnaic mi; cha 'n ann a mhàin a' cliùthachadh an Stéidh-theagaisg dhomh-sa, ach mar an ceudna ag earalachadh an aon ni fheumail air a bràthair agus air a piuthair, ann an éisdeachd, leis na h-uiread do dhùrachd, 's gu bheil dòchas agam nach dì-chuimhnich sinn am feasd e. Ach 's ann a tha mi cur na h-aire shònruicht leis an d'éisdeadh ris an t-searmoin, agus an t-suim a ghabh a' choimhlion neach dhi an déigh làimhe, as leth na cùise uamhunnaiche m' an robh i, 's ni h-ann air son aoin ni a tha 's an t-searmoin féin.

Chuireadh do dh' urram orm an déigh so, a' searmonachadh, le càil-eigin do dh' atharrachadh feumail, an làthair iomadh neach urramach agus inbheach 's a' bheatha so, air nach 'eil nàire aideachadh, gur h-ean diadhachd an gnothuch a 's mò. Bu deònach leo an taitneachd do 'n dùrachd agus do 'n t-soilleireachd leis an deachaidh an stéidh chudthromach so a làimhseachadh, 'ainmeachadh; agus dh' earalaich iad orm le dùrachd ris nach robh fiughair agam, gu 'n deònaichinn a clò-bhualadh, chūm gum faigheadh iad i r'a sgaoilèadh a measg an tuatha agus an seirbhisich. Tha do mheas agam air na càirdean inbheach agus luachmhor sin 's nach dean mi an ainm follaiseach ri leabhar co heag seadh, ni na 'n deanainn e, a chuireadh mòr mheas air leabhar gu mòr a b' àirde na aon leabhar a b' ion domhsa fiughair a bhì agam a chur a mach. Ach o 'n tha dearbh-chinnt agam air an deadh-ghean d'am thaobh féin, tha dòchas agam gu 'n dean ùghdarras an iarrtuis mo lethsgèul a ghabhail air son a cur an clòdh.

Tha sinn co dlùth air sìorruidheachd, agus 's eigin duinn an ùine co gèarr a bhì air a tasgaidh 's an ùir, 's gur h-i mo bhàrail nach bu chòir dhuinn sanas air bith o 'n fhreasdal, chum maith a dheanamh do anamaibh dhaoine, a dhearmad. Agus ma bhitheas na firinne soilleir cudthromach so, trid comhnadh gràis Dhé, air an deanamh feumail chum aon anam iompachadh, ged is e is neo-inbhiche air son an deachaidh an t-searmoin iarruidh agus a sgrìobhadh, measaidh mi gu bheil làn-diòladh agam 's an t-saothair bhig so ged a theiriomadh neach, maith a dh' fheudtadh, gu 'n do mheudaich mi leis a so, leabhraichean neo-fheumail, a tha 'n an dragh do 'n t-saoghal.

P. DODDRIDGE.





S E A R M O N.

Tha aon ni feumail—LUC. x. 42.

B' E cliù taitneach ar Slànuighir bheannuichte, gu 'n robh 'e a' dol m' an cuairt a' deanamh maith.' (1) Thug an rùn àraidh so, o 'n robh a dhèanadais uil' a' sruthadh, a dh' ionnsuidh tighe Lasaruis a charaid, do Bhetani, e, agus riaghailtich e a ghiùlan ann. Ged a b' àm saor o shaothair fhollaiseach a bh' ann, thug ar Tighearna dùrachd agus cùram cràbhach searmonaiche fireantachd a stigh do sheòmar a charaid; agus an sin shil a theagasg mar an t-uisge agus mar an tlàth dhrùchd, air a' bhuidheann shona bhig a bha 's an àm m' a thimchioll. Le mòr aoibhneas bha Muire, piuthar Lasaruis 'n am measg; shuidh i sìos mar dheisciobul iriosal aig cosan Iosa; agus tha aobhar againn a smuaineachadh gu 'm bu mhiann le Marta, a phiuthar eile, a bhi leatha: ach bha cùram an teaghlach a' cur iomagain oirre; theagamh gu 'n robh i rochùramach gu cuirm shòghail uidheamachadh d' a Triath nèamhuidh, agus dhoibh-san a bha maille ris. Is sona iadsan, a measg iomagain an t-saoghail so, is urrainn suidheachadh ceart inntinn, agus fonn taitneach a choimhead 'n an anamaibh féin! Thàinig am boirionnach maith so chum ar Tighearna, le càil-éigin do ghearan frionasach, cha 'n ann a mhàin an aghaidh Mhuire, oir cha robh i saor o bheagan coire a chur as a leth féin cuideachd. 'A Thighearna, nach 'eil suim agad gu 'n d' fhàg mo phiuthar mis' a' m' aonar ri frithealadh. Uime sin abair rithe cuideachadh leam.' (2) Air d' ar Tighearn a bhi do ghnàth toileach gach fàth a ghabhail air maith a dheanamh, fhreagair e i 's na briathraibh sin d' an earrann stéidh ar teagaisg, 'A Mharta, tha thusa làn cùraim, agus dragha mu mhòrain do nithibh, ach a ta aon ni feumail, agus rinn Muire roghainn do 'n chuid mhaith sin nach d' thoirear uaipe; mar gu 'n abradh e; Mo thruaighe a Mharta! tha gnothuichean

¹ Gnìomh. x. 38.

² Luc. x. 40.

an anama ni 's ro-fhcumaile no na bhuineas do 'n chorp, air chor 's nach irrainn domh coire chur air do phiuthair 's an àm so; 's ann is fearr leam a h-eisimpleir a mholadh dhuitse, agus do m' luchd-dàimh eile, sibh a bhi air 'ur faicill, nach caill sibh scalladh air an ni gu mòr is fearr an airidh air 'ur cùram, a measg 'ur n-uile ghnòth-uichibh saoghalta.

Bheir mi fainear na briathra sin, 'Tha aon ni feumail,' mar Ghnàth-fhocal cudthromach, a thàinig o bheul ar Slànuighir bhcanuichte, agus 's airidh e air ar ro-chùram. Ann an labhairt umpa, bheir mi,

I. Fainear ciod a tha sinn r' a thuigsinu leis an *aon ni* a tha air 'ainmcachadh an so.

II. Fhcuchainn duibh ciod tha air a chiallachadh le e bhi air 'ainmeachadh mar an t-aon ni *feumail*.

III. Nochdaidh mi co ceart-bhreitheadh 's a dh' fheudar da rìreadh an t-aon ni feumail a ràdh ris.

IV. Co-dhùinidh mi le cuid do smuaintibh agus co-chur 'm a thimchioll.

Mo Chàirdean ionmhuinn, tha na briathran a ta 's an àm f'ar comhair, an diugh co fìrinneach 's a bha iad o cheann còrr agus seachd-ceud-deug bliadhna. Socraichibh 'ur cridheachan chum an toirt fainear. O, gu robh sibh, trid gràs Dhé air 'ur mosgladh chum éisdeachd riu le ro-aire, 's gun deanadh na nithe soilleir agus cudthromach a tha nis gu bhi air an labhairt, na h-uiread dhrùghadh oirbh, 's ged a bhithinn a' caint ribh air leabaidh 'ur bàis, air dhuibh a bhi gu ciallach, suidhichte, an dlùth bheachd air sìorruidheachd!

I. 'Tha mi gu h-aithghearr r' a thoirt fainear ciod a tha sinn r' a thuigsinn m' an *aon ni feumail*.

Freagraidh mi nis am beagan cainnte, is e cùram an anama, calg-dhìreach an aghaidh cùraim anabharrach m' an chorp, mar chi sinn ann an stéidh ar teagaisg, air son an d' thug ar Tighearna comhairle shèimh air Marta. Is freagradh coitchionn so, agus tha e gabhail a stigh iomadh ni cudthromach; ni is e ar gnothach-ne gu minic a thaobh ar dreuchd a shoilleireachadh dhuibh. 'Tha cùram an anama a' ciallachadh a bhi ullamh a chum briathra Chrìosd éisdeachd; gu sinn féin, mar rinn Muirc, a shleuchdadh aig

a chosailh a dh' fhaotainn a lagha 's a shoisgeul féin o a bheul. Tha e a' baralachadh gu bheil sinn a' fòghlum o 'n fhear-theagaisg dhiadhuidh so, mòr luach ar n-anama, ar cunnart, agus ar cungaidh-leighis. Gu 'm bi sinn os ceann gach ni ro-chùramach mu thimchioll ar slàinte shìorruidh. Air dhuinn aithreachas neo-chealgach a ghabhail d' ar peacaidh uile, 's a' toirt làn-chreideis do 'n t-soisgeul shìorruidh, gu 'm bheil sinn a' faghail an Tìghcarn Iosa Crìosd, chum fìreantachd agus beatha, ag earbsadh ar n-anama ri luach a réite, ri éifeachd a ghràis. Tha e a' ciallachadh sinn féin a thoirt suas gu h-iomlan do sheirbhis Dé, agus co-aontachadh leis gu fìrinneach, a dh'aindeoin gach truailleidh-cachd a tha cur 'n ar n-aghaidh o 'n leth stigh, no buairidh o 'n leth muigh, agus buanachadh gu seasmhach an earbsadh ri slàinte mar tha i air a tairgseadh 's an t-soisgeul, gus am faigh sinn crìoch ar creidimh, 'n ar saorsadh iomlan. 'S e so an *t-aon ni feumail*, air a nochdadh ann an iomad earrann do 'n sgrìobtuir fo ainmibh cug-samhuil. Theirear air uairibh 'ath-glineamhuinn,' no 'an nuadh-chreutair' ris, a chionn gur h-e obair bheannuichte gràis èifeachdaich Dhé c. Air uairibh 'eagal Dé,' agus air uairibh 'a ghràdh,' agus 'àitheanta-sa a choimhead;' agus theirear gu tric 's an Tìomnadh Nuadh ris, 'creidimh,' no 'gabhail ri Crìosd,' agus 'creidsinn ann,' ni tha air a chur an céill mar 'obair mhòr Dhé;' (1) 's e sin, an gnothuch mòr a tha Dia 'n a shoisgeul glòrmhor ag iarraidh, co maith 's a tha e le a Spiorad ag oibreachadh annainne: tha gach aon diubh sin, ma thuigear agus gu 'n soilleirichear gu ceart iad, a' gabhail a stigh gach ni a thubhairt mi air a cheann-teagaisg so. Ach a dh' aon fhocal, feudaidd sinn a ràdh, ged is aon an corp, air dha mòran bhall a bhi aige, agus gur h-aon an t-anam ged a tha iomadh ceudfath aige; 's amhuil 's a' chàs so is *aon ni* an diadhachd so, aon rùn naomha do bheatha dhiadhuidh, a ta 'g ar co-éigneachadh gu cùram a ghabhail d' ar n-anamaibh, mar ar n-ionmhas is mò. Cha 'n 'eil ann ach *aon ni*, leis gach beachd anns an gabhar e, agus leis gach dòigh air an cuirear an céill e. Thèid mi air m' aghaidh,

II. A thabhairt fainear cìod a th' air a chiallachadh e bhi an so air a chur an céill, mar an *t-aon ni feumail*.

¹ Eoin iv. 29.

Agus air leam, gu bheil e gu freagarrach a' gabhail a stigh nan trì nithe sònruichte so: Is aobhar cùram coitichionn c—anabharra feumail—agus a' gabhail na h-uircad a stigh ann, 's gu 'm feudar gach aon ni is fiù ar spéis a chiallachadh leis. Ceadaichibh gach aon fa leth do na trì nithibh sin a shoilleireachadh beagan, agus bheir mi oidheirp air an iomlan a dhearbhadh fo 'n treas ccann teagaisg, far am bi e leòir shoilleir.

1. Feudar an *t-aon ni feumail*, a ràdh ri cùram an anama, 'a thaobh gur cùis chùram choitichionn e.'

Tha sibh a' faicinn gu bheil ar Slànuighear a' labhairt uime mar chùis *fheumail* air mhodh choitichionn. Cha 'n 'eil e 'g ràdh gu bheil e feumail do 'n neach ud no do 'n neach ud eile; ach gu bheil e feumail do 'n iomlan. Agus gu deimhin, an àm bhi labhairt air a leithid a' chùis, dh'fheudtadh cainnt chudthromach Dhaibhidh a ghnàthachadh, 'Cluinnibh so, a shlòigh uile, éisdibh, sibhse uile luchd-àitcachaidh an domhain; araon uasal agus ìosal, beartach agus bochd le chéile.' (1) Oir is aobhar chùram e do 'n iomlan, o 'n rìgh air a chaitir gu ruig an seirbhiseach a tha bleath 's a' mhuileann, no an diol-déirce a tha 'n a shuidhe air an dùn-aolaich. Tha e *feumail* dhuinne tha 'n ar ministeirean, oir tha ar saorsa féin an earbsadh ris. Agus is truagh, anabharra truagh, a bhitheas ar n-anamanna, ma' s c' s gur leòir leinn a chliùthachadh do chàch, labhairt uime gu dian, uamhannach, ann an co-thionailibh follaiscach, no an uaigneas, am feadh nach 'eil e drùidheadh air ar cridhcatchaibh féin mar ar cùram is mò. 'S ann an sin a bhiodh ar cor cosmhuil ris a' Chcannard a bha 'n Samaria, (2) d' an d' òrduicheadh an sìol a roinn 'n uair a theich am fcahd a bha 'g a chuairtchadh, air dhuinn fhaicinn le 'r sùilibh, 's a fhrithealadh le 'r làmh-aibh, gun téid sinn féin am mugha gu truagh, gun am beannachadh a bha sinna' co-pàirteachadh ri càch a bhlasad. Tha e *feumail* dhuibhse a ta saobhir, ged a tha e, maith dh'fhcudtadh, air sheòl, fìor clruaidh oirbh; eadhon co do-dheanta, ann an seadh, 's a tha e do ' chàmbhal dol tre chrò snàthaid;' (3) gidheadh ma ni sibh dearmad air, bithidh sibh bochd am meadhon 'ur saobhreis, agus truagh am

¹ Salm xlix. 1, 2.

² 2 Rìgh. vii. 2.

³ Mat. xix. 24.

buillsgean 'ur pailteis ; agus cha bhiodh duine a' dol chum bàis le gorta 'an lùth-chuirt ghreadhnaich, agus ann an trusgan àillidh, 'n a aobhar truais co mòr ribhse. Tha e *feumail* dhuibhse a tha bochd ; ged a tha sibh air 'ur cùradh co mòr le h-iomaguin, ' mu ciod a dh'itheas sibh, agus ciod a chuireas sibh umaibh.'⁽¹⁾ Tha an nàdur a tha 'g ur deanamh comasach air cùram a bhi oirbh mu na nitibh sin, ag caralachadh am barrachd cùraim a bhi oirbh m'an 'aran a mhaireas chum na beatha sìorruidh,'⁽²⁾ na bhitheas oirbh mu 'n lòn a bhcatthaicheas an corp so. Tha e *feumail* duibhse a tha aosmhor, ged a tha 'ur càil air fàilneachadh co mòr, 's gu bheil an leunnach-uaine na eallaich dhuibh,'⁽³⁾ oir rinn sibh an obair mhòr so co deacair le 'r buanachadh co fada 's a' pheacadh, 's na 'm bitheadh e gun bhi co feumail, gu 'm bu ghnòthuch seircil gun a chur 'n 'ur cuimhne : Gidheadh anmoch mar tha e, 's fheudar a dheanamh, no thig 'ur cinn léithe sìos do 'n uaigh le corruich, agus théid sibh fodha le mallachadh an-tromaichte air son dìomhainichead 'ur beatha. Tha e *feumail* dhuibhse a ta òg, ged tha a' choimhlion faoineachd dhìomhain 'gur tàlaidh gu dearmad a dheanamh air : ged a shaoil-car gu bhèil a chùram neo-fheumail co tràthail, gidheadh tha mi 'g innscadh dhuibh gu bhèil e feumail ; feumail gun dàil 's am bith, ma 's e 's nach d' rinn sibhse a tha co tric ag imeachd thar uaighean blur bràithrean agus 'ur combanach, a dh'eug an tréin an ncirt, cùmhnant éigin dìomhair ris a' bhàs air 'ur son féin, 's gu 'n d' fhuair sibh a mach innleachd ùr, a bha roimhe so neo-aithnichte, chum 'ur beatha chunnartaich a chaomhnadh car iomadh bliadhna, am feadh nach comasach do dhaoin' eile bhi cinnteach aisde car aon tiota.

2. Is e cùram an anama ' a' chùis is ro-fheumaile air bith.' Mar tha Solamh ag ràdh nu ghliocas, ' gu bheil i ni 's luachmhoire na na seudan,' agus nach 'eil ' gach ni a 's urrainn thu mhiannachadh r' an coimeas rithe,'⁽⁴⁾ 's amhuil a dh' fheudas mis' a ràdh m' an earrann ro-fheumail so do ghliocas, gum bi gach ni a chuirear an coimeas ris, ni 's eatruime na dìomhanas. Tha so gu beachdaidh

¹ Mat. vi. 31.

² Eoin. vi. 27.

³ Eccles. xii. 5.

⁴ Gnath, iii. 5.

air a chiallachadh, 'n uair a tha 'n stéidh theagaisg ag ràdh, gu bheil *aon ni fheumail ann*, mar gu 'n abradh e *aon ni*, 's cha 'n 'eil ach *aon ni*, a mhàin mar sin. Dìreach mar theirear gu bheil an Dia beannuichte 'a mhàin glic,' (1) agus 'a mhàin naomh,' (2) do bhrìgh nach 'cil gliocas ainglean agus dhaoine ach mar neo-ni an coimeas ris. Cha 'n 'eil ann an gnothuichibh mòra agus cudthromach na beatha so ach faoineachd an coimeas ris *an aon ni so*. Feudaidh duine bhi beò, agus ann an tomhas àraidh bhi sona, gun fhòghlum, gun saobhbheas, gun urram, gun slàinte, gun saorsa, gun chàirdean, seadh, ged tha a' bheatha ni 's mò na 'm biadh, agus an corp na 'n t-eudach,' (3) gidheadh feudaidh e bhi sona gun an corp féin: Ach cha 'n urrainn da bhi mar sin leis an *aon ni fheumail* a dhearmad. 'S éigin domh, uime sin, cùram asluchadh oirbh am briathraibh Mhaois, 'Oir cha ni dìomhain e dhuibh, a chionn gur e 'ur beatha e.' (4)

3. Tha cùram ar n-anama co ro-fheumail, 's gu bheil gach ni is airidh air ar cùram air a ghabhail a stigh ann, no a' géilleadh dha.'

Tha Daibhidh a' toirt fainear gu bheil 'àithne Dhé ro fharsuinn,' (5) 's amhuil a dh' fheudas sinn a ràdh m' an *aon ni fheumail* so; agus mar tha Solamh gu ceart ag ràdh, 'gur h-c eagal Dé, agus 'àitheantan a ghleidheil uile dhleasdanas an duine; (6) a dhleasdanas agus a bhuannachd uile; agus tha gach ni glic agus iomchuidh 'n a àm féin 'ga dheanamh suas. Bu docharach a' bharail a bheireamaid mu 'n chùram so, na 'n smuainicheamaid gur h-ann a mhàin ann an aoradh o 'n leth muigh, no ann an smuaintibh diadhaidh a tha c a' co-sheasamh; tha e gabhail a stigh gach subhailc shaoghalta thaitneich agus ion-mhiannuichte. Tha e gabhail cùram do ar co-chomunn, d' ar cuirp, agus d' ar gnothuichibh saoghalta; ach tha 'n t-iomlan gu bli air an riaghladh, air an stiùradh, agus air am beothachadh le meas àraidh air Dia, air Criosd, agus air neobhàsmhorachd. Tha ar lòn agus ar fois, ar n-ealdhain agus ar saothair ri cùram a ghabhail diubh, agus tha gach cùis mhaithesach gu bhi air a cur an gnìomh ann an ùmh-

1 Tim. i. 17.

2 Foill. xv. 4.

3 Mat. vi. 25.

4 Deut. xxxii. 47.

5 Salm cxix. 96.

6 Eccles. xii. 13.

lachd do thoil Dhé, chum glòire Chrìosd, agus le rùn an inn-tinn a dheanamh ni's fèarr, chum fàs iomchuidh gu ruig foir-feachd iomlan. Ainmich aon ni a thoilicheas tu nach buin do so, agus cha 'n 'eil ann ach ni gun seadh, ge b' e air bith co taitneach 's a tha e do 'n t-sùil, no do 'n bhlas. Cuir ainm air ni, a bhios, an àite an t-anam a dheanamh ni 's fèarr, 'ga chlaonadh chum uile agus 'ga thruailleadh, 'ga thoirt fo dhaorsa agus an cunnart, agus tha thu ag ainmeachadh an ni is neo-tharbhache agus is cronaile, is truailidh agus is duaichnidh, ge b' e air bith co urramach 's a ta e an sùilibh dhaoine, no cho cumanta 'n an gnàthachadh, air a' mheud 's g' am bi duais na h-eucorach. Mar so dh' oidh-irpich mi fheuchainn duibh ciod a dh' fheudas sinn a bharralachadh a chiallaichcar leis a' chainnt so gu bheil *aon ni feumail*. Tha mi nis,

III. Gu a nochdadh dhuibh co freagarrach 's a tha cùram an anama r' a ghabhail 's an t-seadh so mar an *t-aon ni feumail*, 's gur e an t-aon ni is mò e is cubhaidh bhi 'n a aobhar cùram oirnn, d' an còir do gach ni eile géillcadh, ma tha iad idir 'n an airidh chùram agus iomagain. A nis leigeam gu breth na muinntir is fiosraiche, agus gu reuson soilleir na cùise féin, mar a bhios e soilleir do gach inntinn neo-leth-bhreitheach.

1. Rannsuicheamaid o bharrail na muinntir a 's fiosraiche mu leithid do chùis, agus chi sinn gu soilleir gur h-e 'n am barrail-sa cùram an anama an *t-aon ni feumail*.

Am bheil breitheanas an Dé bhcanuichte ' a réir firinn : ' nach soilleir, dùrachdach, a tha 'm breitheanas sin air 'fhoillseachadh? Cha 'n abair mi a mhàin 's an earrann so na 's an carrann shònruichte ud cile d' a fhocal, ach 'n a fhoillseachadh uile a thug e do chloinn nan daoine, agus uile rùn agus 'n a uil' earailibh dhoibh. Nach e so cainnt an iomlain, o linn Iob agus Mhaois gu co-dhùnadh an sgrìobtuir uile? ⁽¹⁾ ' Ma tha gliocas am folach o shùilibh nan uile bheò, tuigidh Dia a slighe, agus 's aithne dha a h-àit ;' agus ma tha, tha e gu soilleir air a chomharrachadh a mach, oir ris an duine tha e fathast ag ràdh, ' Feuch, eagal an Tighearna, is e sin gliocas; agus an t-olc a thréigsinn, tuigse.' Trid Mhaois nochd e do chloinn Israeil, gu 'm b' e an gliocas agus an

¹ Iob xxviii. 21, 23, 28.

tuigse an sealladh nan cinneach, a chluinneadh a reachd-an, àithcanta an Tighearna a choimhead, agus gu 'n abradh iad, ' Gu cinnteach is sluagh glic agus tuigseach an cinneach so.' (1) An uair a dh' àrdaich e aon duine air cathair-rìoghail Israeil, le ainm gur e bu mhò gliocas a bha riamh air thalamh, chunnaic e iomchuidh a dheanamh na fhear-teagaisg ainmeil air an fhìrinn mhòir so. Ach tha gach ni a thubhairt e mu nithibh is lugha seadh, mu fheallsanachd nàdurra, air an call, ' Ged labhair e air craobhan, o 'n chrann-sheudair a tha ann an Lebanon, eadhon gu ruig an hisop a dh' fhàsas a mach as a' bhalla, agus air ainmhidhibh, agus air eunlaith, agus air nithibh a shnàigeas, agus air iasgaibh ;' (2) gidheadh tha a' chainnt leis a bheil e 'togail fianuis gur e, ' Eagal an Tighearna tùs a' ghliocais,' (3) air a gleidheil ; agus tha na gnàth-fhocail sin a' labhairt gu minic umpa-san a ni dearmad air Dia agus air an anamaibh, mar amadanaibh, mar gu 'm b' e sin brìgh cheart an fhocail, am feadh a tha na daoine diadhuidh a mhàin air an urramachadh le ainm a bhi glic. Ach 's an t-seadh so ann a bhi togail fianuis air an fhìrinn so an ainm Dhé agus 'n a ainm féin, tha neach is mò na Solamh an so.'

Oir ma rannsuicheas sinn ciod a mheas ar Tighearn Iosa Criosd mar an *t-aon ni feumail*, tha briathran stéidh ar teagaisg a' cur an céill freagradh co soilleir 's a 's urrainear a smuaineachadh ; agus tha am brìgh air a' nochdadh air mhodh beò agus drùighteach, anns a' chainnt chomharraichte sin, far am bheil ar Slànuighear a' cur an céill cha 'n e a mhàin a bharrail féin, ach 'g a leigeadh gu breith coguis nan uile dhaoine, air dhoibh a bhi air an co-éigneachadh trid an geur-mhothachadh dìomhair féin an fhìrinn so aideachadh, ' Ciod an tairbhe tha ann do dhuine, ged a choisneadh e 'n saoghal uile, agus 'anam féin a chall? no ciod i a' mhalairt a' bheir duine air son 'anama?' (4) Na 'm biodh e aon uair cailte, ciod nach bu deònach leis a thoirt seachad chum a shaoradh? Ach cha 'n 'eil *fìrinn na cùise* an earbsadh a mhàin ri *briathraibh* Chriosd. Thugadh le a ghnìomharaibh, le 'fhulangais, le 'fhuil,

¹ Deut. iv. 6.

² 1 Rìgh. iv. 33.

³ Gnath. i. 7. ; ix. 10.

⁴ Mat. xvi. 26.

agus le a bhàs, dearbhadh air a' mheas a chuir e air anamaibh dhaoine. Am feudar a smuaineachadh, gu 'm fàgadh e flaitheanas, gu 'n gabhadh e còmhnuidh air thalamh, gu 'n saothraicheadh e a dh' oidhche agus a latha, agus fadheòidh bàsachadh air a' chrann, air ghnòthuich fhaoin? No am feud sinn smuaineachadh gu 'n robh esan, anns am bheil ' uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais, agus uile iomlaine na diadhachd a' gabhail còmhnuidh gu corporra,⁽¹⁾ meallta 'n a bharrail, a bha air a dealbh co suidhichte, agus co follaiseach air a nochdadh?

An déigh na dh' ainmicheadh, nam biodh feum air fianuis agus barail dhaoine m' an chùis, nach b' fhuasad' iomadh fianuis ainmeachadh, agus fheuchainn gu 'n robh na daoine bu ghlice agus a b' fhèarr a bha riamh air an talamh, a' co-chòrdadh mu 'n ni so, a measg gach eadar-dhealachadh barail agus aidmheil a bha aig gach linn an déigh sin, b' i so barail aon-sgeulach, agus cùram sònruichte nan daoine bu taitneiche chù, agus bu luach-mhoire alladh, slàinte an anamanna féin agus dhaoine eile a dheanamh cinnteach.

Agus ceadaichibh dhomh aslachadh oirbh gu dùrachdach sibh a smuaineachadh, ciod e cliù nan daoine a ghabh do dhànadas orra féin, gu ceann-laidir, ladarna am barail a nochdadh an aghaidh so? Cha 'n 'eil an àireamh ach tearc; agus 'n uair a choimeasar leibh na thog sibh o leughadh mu dhaoineibh diadhuidh o shean, ach ris na chunnaic sibh féin 's na linnibh deireannach so, ann an seirbhisich dhìleas thogarrach agus eudmhor Chrìosd, ris an robh sibh a' cainnt, am bheil sibh a' mhothachadh gu bheil luchd-deanamh tàir air, agus luchd-cùlachaidh an t-soisgeil, ann an cùisibh eile ni 's eagnuidh agus ni 's tuigseiche, ni 's glice air an son féin, agus air son dhaoine' eile a tha 'gèilleadh dhoibh, 's gur cubhaidh duibh mòr mheas a bhi agaibh air gnàthachadh an samhail sin an aghaidh àireimh agus luach na muinntir eile?

Ach their sibh, agus tha e tuilleadh 's fìor, ged nach 'eil iad ach tearc a tha le 'n cainnt a' nochdadh gu bheil iad a' deanamh dearmaid air an anamaibh agus air an sonas sìorruidh, gu bheil a' chuid is pailte do 'n chinne-daoine 'g a dhean-

¹ Col. ii. 3, 9.

amh le 'n dèanadas. Ach am bheil a' chuid a' s pailte do 'n chinne-daoine co glic agus co maith, 's gur còir an gnàthachadh, gun mhìon-rannsachadh, a leantuinn ann an cùis co cudthromach? Agus nach 'eil mòr àireamh dhiubh sin ag aideachadh bhì cur cùl ris an t-soisgeul 'n an dèanadais a' s fearr? 'Nuair a bhios iorghuill agus sòlais ghnothuichean an t-saoghail so thairis, 's a bheir euslaint agus cion slàinte air daoineibh teannadh an uaigneas; ciod is bitheanta a thug sibh fainear bu toradh do 'n uaigneas sin? Nach tric a dh'aidich iad a' cheart ni tha sinn ag oidheirpeachadh a dheanamh mach? Seadh, nach minic a chi sinn eucail a' glacadh na h-inntinn le buaireas, ach nach 'eil gu tur a' toirt air falbh a ceud-faithean reusonta, a' sparradh a' gheur-mhothachaidh so air an anam co teann am beagan uairean, seadh, mar gu 'm b' ann ann an tiota? Am faca sibh riamh duine sunndach, togarrach, neo-chùramach, air a bhualadh mar so gu grad, am meadhon a shòlais agus a shùgraidh, agus air a ghrad thoirt cha 'n e gu bhì dùrachdach, ach gu ball-chrith agus uamhunn le teannshealladh air a' bhàs? Am faca sibh riamh fear nan gnothuichean agus na h-iomagain shaoghailta, air a ghlacadh cosmhuil ris an amadan shaoibhir 's a' chosamhlachd, ann am meadhon innleachdan saoghailta? Agus nach cuala sibh riamh fear no fear-éigin diubh ag aideachadh dìomhanais an t-sùgraidh agus a' chùraim sin, air an robh iad anabharra déidheil beagan làithcan roimhe sin, ag aideachadh gu 'm b' e diadhachd an *t-aon ni feumail*, agus 'ga moladh do chàch leis na h-uiread do dhùrachd, 's gu 'm biodh fiughair aca le sin a dheanamh, gu 'n deanadh iad suas air son an dearmaid a rinn iad roimhe oirre? 'Tha sinne is ministeirean ann, gu tric fianuiseach air a leithid so, agus 's i mo bharail nach mòr do m' luchd-éisdeachd nach fac' c cuideachd.

Aon uair eile, Ciod na'm b' urrainn duinn teistean nam marbh a chur r' an teistean sud aig àm am bàis? Ciod na 'n cuireadh Dia a thaobh an roinn-bhrat a tha cadar sinne agus an saoghal neo-fhaicsinneach, 's na 'n ceadaicheadh c do 'n aon pheacach a' s dearmadaiche 's a' choimhthional so labhairt car ùine bheag r' a luchd-àiteachaidh? Nam b' ann ri spiorad sona a labhradh sibh, a dh' imich

air slighe dhocair gu Phàras, no a dh'fhuiling an deuchainn bu chruaidhe, agus gu'm feòraicheadh sibh dheth, 'Am b' fhiach dhana h-uiread shaothair a ghabhail agus na h-uircad fhulang air son na tha e nis a' sealbhachadh?' Gu cinnteach na 'm biodh na spiorada beannaichte sin comasach air mi-thlachd a ghabhail, chuireadh e corruich orra a' cheist so a chur. Agus air an làimh eile, na 'm b' urrainn duibh fheòraich do neach 'a tha air a chlaoidh s' an lasair ìochd-raich sin, ged a bha e aon uair 'air éideadh an corcur agus an lìon-aodach grinn, agus a' caitheamh a bh-catha gach là gu sòghail,'⁽¹⁾ 'An robh na bha e roimhe a sealbhachadh 'n a cho-lcasachadh air son na bha e nis a' fulang?' Ciod an freagradh a bheircadh e oirbh? Theagamh gur e bheircadh e oirbh freagradh a bhiodh co uamhunnach, buaircasach, 's nach b' urrainn duibh 'fhulang uircad agus a chluinntinn. Agus na 'n d' thugadh crosdachd a nàduir air fuireach 'n a thosd, gu cinnteach bhiodh anns an tosd sin ag èiridh o dhorchadas, o lasraichibh, agus o osnaich na gainntir mhalluichte sin, ni a labhradh ri 'r n-anamaibh, na tha focal Dhé leis na h-uiread chinnte, ged is ann leis ni 's lugha drùghadh, a' labhairt r' ar cluas-aibh, gu bheil *aon mi feumail*. — Tha sibh a' faicinn gur h-ann mar sin a tha a' chùis am barail Dhé an Athar, agus an Tighearn Iosa Crìosd, nan daoine a 's glìce agus a 's fearr, agus iomadh neach, a bha aon uair 'g a mheas air mhùthadh dòigh, 'n uair a ghabhadh iad scalladh socrach dùrachdach air a' chùis; agus cha 'n e a mhàin aca-san a bha dlùth air a' bhàs ach aca-san a bha marbh cuidcachd, aca-san, aig an robh o fhéin-fhiosrachadh, fios air an dà shlaoghal, agus aig an robh dearbh-fhios air an roghainn a b'fherr. Ach cha 'n fhàg mi 'n t-ìomlan do 'n chòmhdach an earbsa ri so; tha mi uime sin,

2. A' leigeadh gu breith aobhar soilleir na cùise féin, mar a chithear e leis gach neach neo-lèth-phairteach, gur h-c gun amharus cùram an anama, an *t-aon ni feumail*.

Cha 'n 'eil mi 'ga m' mheas féin mar a' labhairt ri muinntir nach 'eil a' creidsinn gu bheil Dia no Crìosd idir ann, ach ribh-san a tha cha 'n e a mhàin a' creidsinn bith agus freasdail Dé, agus ath-bheatha do shonas no do thruaighe,

¹ Luc. xvi. 19.

ach a tha mar an ceudna a' toirt creideis do 'n fhoillseachadh Chrìosduidh, mar tha mòran gun teagamh a' deanamh, a tha caitheamh am beatha a' deanamh tur-dhearmaid air Dia, agus air an anamaibh féin. A nis, a thaobh nan nithe sin 's leòir beagan smuaineachaidh a thoirt mothachaidh dhuibh, gu bheil e *feumail* a thoirt fois 's an àm so féin d' ur n-inntinn; *feumail*, na 'm b' àill leibh am feasd sonas sìorruidh fhaotainn; na 'm b' àill leibh truaighe shìorruidh a sheachnadh, bu dòcha bhì air an-tromachadh no air a lughdachadh, leis na tha sibh 's an àm a' sealbhachadh.

1. 'S e cùram an anama an *t-aon ni feumail*, a chionn 'as eugmhais nach urrainn duibh sìth 'ur n-inntinn féin fhaotainn, no coir-iomchair 'ur coguis a sheachnadh.'

'S e 'n ceudfath luachmhor sin, mar is minic a chuala sibh, fear-ionaid Dhé 's an anam. Tha e mothachail mu urram agus luach spioraid neo-bhàsmhoir, agus tha e a thaobh na fòirneirt a nithear air, ag éigheach a mach co àrd, 's gur éigin do 'n pheacach a chluinntinn co dhiù is maith na 's oil leis e. Nach 'eil sibh féin air uairibh 'ga mhothachadh? 'N uair is mò a bhitheas a rùn oirbh cùram bhur n-anama a dhearmad, nach 'eil e sin air uairibh 'g a fhòirncadh 'nur cuimhne? Tha eagal oirbh roimh agartas 'ur n-inntinne, ach a dh'aindeoin bhur seòltachd agus bliur rùn-shuidhichte, an urrainn duibh gu h-ìomlan an scachnadh? Nach 'eil 'ur coguis 'nur co-chuideachd 'n ur leabaidh mur 'eil sibh a' toirt fàth dhi air 'ur coinneachadh 'n ar seòmair uaigneach, agus ged nach e idir a deadh-bheatha, tha i 'n sin a' toirt sanuis duibh, 'gu bheil sibh a' deanamh dearmaid air 'ur n-anamaibh, agus gu 'm bi iad tur-chailte an ùine ghearr.' Nach 'eil i 'g ar dlùth-leanailt do 'n bhùth agus do 'n mhachair, 'n uair is lugha 'ur gnothuichean ann? Cha 'n e mhàin sin, ach feudaidh mi a ràdh, gu bheil i 'g ur taghal aig a' chuir, a' chuideachd, an damhsa, agus theagamh do 'n tigh chluiche euideachd? Nach 'eil i air uairibh a co-mheasgadh do dheoch a's taitneiche le searbhadas, agus t-uaircan a 's subhaiche le uamhunn? Ionnus gu bheil thu mar fhear-cèirde, a tha fo eagal gu bheil a ghnòthuichean air dol gu mi-riaghailt, 's a tha cur a leabhraichean as an rathad, ach thig iad air uairibh a

thaobh tuiteamais 'n a charaibh. 'S gann a tha chridhe aige dol a mach, air eagal gun tachair fear a tha c 'n a fhiach-aibh air, na gu 'n cuirear an làimh e: agus ma bheir e teann-oidheirp air a chùram agus a chunnart a dhì-chuimhneachadh le beatha struidheil aig an tigh, tha cuimhn' orra a' dùsgadh suas 'n a aire, agus a ghiorag air a meudachadh, leis a' cheart struidheas sin leis ambheil e'g oidheirpeachadh a chumail fuidhe. Cha 'n 'eil ag nach e so cor cuid agaibhse, agus 's cinnteach gur truagh an staid i; 's am feadh a tha chùis mar so, o 'n leth stigh, cha 'n urrainn do chor o 'n leth muigh do dhcanamh sona, ni 's mò na b' urrainn do thrusgan rìomhach fois a thoirt duit an galar ro-chràiteach. Ach na 'm biodh an gnothuch mòr so air a dheanamh cinnteach, bhiodh tlachd agad an smuaintc, uiread 's a tha dh'fhuath agad orra an drasta; agus bhiodh do choguis dhuit 'n a caraid dileas, an àite do dhearg-nàmhaid, agus bhiodh do mhòr aiteas 'n a teistcas.

2. 'S c cùram an anama an *t-aon ni feumail*, 'a chionn as casbhuidh nach urrainn duibh 'ur sonas sìorruidh a dhcanamh cinnteach.'

Gu cinnteach cha 'n 'eil crùn do ghlòir bhith-bhuan n' a ni co faoin 's gu 'm buillichear e air creutair dearmadach, nach cuir mu dhéighinn, le ro-dhùrachd. Cha 'n 'eil Dia gu bitheanta mar so a' builcachadh fiùghantais choitchionn a fhreasdail, nach 'eil idir co luachmhor ri sin. 'S minic a chi sinn, d' an taobh sin, 'gu 'n dean làmh nan dìchiollach saoihracas,' agus mheasadh sinn air dhìobhail céille esan a shaoileadh gum faigheadh e còir air oighrcachd le miannachadh, gun oidheirp dhiongmholta shaoithreachail a thoirt chum ruighcachd air na dh' fhuasgladh i. A chum nach bi sinn gu h-amaideach am barail gu 'm faigh sinn còir air flaitheas am buillsgean dearmaid agus neo-chùraim, chaidh innseadh dhuinn gu soilleir ann am focal Dé, gu 'bheil rìoghachd nèimh a' fulang ainneirt, agus luchd na h-ainneirt 'g a glacadh le làmhachas-làidir: ⁽¹⁾ agus tha sinn, uime sin, air ar n-caralachadh gu ro-dhian, gu spàirn chruaidh a dhcanamh 'gu dol a stigh air a' gheata chumhann,' air son an aobhair chudthronaich so, 'a chionn gu 'n iarr mòran,' latha cilc, 'dol a stigh, agus

¹ Mat. xi. 12.

nach urrainn iad.' (1) A réir sin, 'n uair a tha ar Tigh-earn a' toirt a' gheallaidh ghràs-mhoir do 'n athchuingiche iriosal, tha e 'g a dheanamh air chor 's gu bheil dòchas nan neo-chùramach agus nan caoin-shuarach air a dhruideadh a mach. 'Iarraibh, agus bheirear dhuibh, sibh agus gheibh sibh, buailibh an *dorus* agus fosgailcar dhuibh e.' (2) Uime sin, mur iarr, mur sir, agus mur buail sibh, cha 'n fhosgailear *dorus* na tràcair dhuibh, agus bithidh 'ur sonas sìorruidh cailte. Agus 's cinnteach ged nach bu chomasach dhonh tuillcadh a ràdh mu tbimchioll na truaighe a tha 'n co-lorg 'ur dearmaid, na so, gu 'm biodh sonas sìorruidh cailte, shaoilinn gu 'n abrainn ni 's leòir gu drùghadh air inntinn gach neach a bheir fainear ciod is ciall do *Shìorruidheachd*. B' aobhar sòlais do neach air a lìonadh le oillt inu thruaighe na h-ath-bheatha, gun deantadh dì-chuimhne bhith-bhuan air. Ach, O mo thruaighe cia bochd an sòlas! 'S cinnteach nach fearr sin, mar dhèidin, na mar gu 'm faiceadh tu neach, agus na maoir air a thòir, a' leum na creige corraich, gu faotainn as uatha; ach 'n a leum, a rachadh a phronnadh 'n a mhìribh. Na 'm biodh aig òig-fhear struidheil costail aobhar gu amharc m' an cuairt da le cridhe goirt, air oighreachd chiatach a dh' fhàg 'athair aige, a struidh e air falbh le struidheas bhcagan làithean; nach mò gu mòr bu mhuladaiche do dhuine reusonta gu 'n do chailleadh a shonas sìorruidh air son aon ni saoghalta 's am bith. Is claidhteach an smuain e! na 'n tugainn gu cùramach faincar an *t-aon* ni air an d'rinn mi dearmad, dh'fheudainn a bhi socrach, sona, os cionn aon ni a b'urrainnear a labhairt no a smuaineachadh. Cha 'n ann ear na h-ùinc bhig, no rè iomadh dcich mìle linn, ach GU SIORRUIDH. Ionnis gu 'n d' thigeadh an t-àm, na 'n rachadh fheòrachd mu 'm thiomchioll-sa, 'Cia fhad a bha 'n Spiorad glòrmhor sin ag àiteachadh fhlaithis? cia fhad a bha e mealtuinn Dhé, agus e féin 's an staid iomlan sin.'—'S e am freagradh a bhiodh ann nach b' urrainnear 'aithris no a chur an céill. 'S i so *sìorruidheachd*, ach chaill mis' i, agus tha mi nis air bheul dol am mugha. Bithidh an lòchran so, a dh' fheudadh

¹ Luc. xiii. 24.

² Mat. vii. 7.

mairsinn ni b'fhaide na lòchrain nan speur, air a ghrad chur as, agus théid mis' a dhubhadh a mach o bhi measg oibrigh Dhé, agus mo ghearradh as o uile shoch-airibh a fhreasdail. Nach bu bhochd truagh an staid so, ged nach biodh ann ach so. Agus bu leòir e a dhearbhadh gum b' e so, 'a' chuid mhaith,' mar tha ar Tighearn a' toirt fainear, 'nach urrainnear am feasd a thoirt air falbh.' Ach nior leigeadh Dia gu 'm bi sinn co neo-dhìleas dha-san, agus do anamaibh dhaoine, 's gu 'n gabh sinn fois a mhàin 'n a shamhuil sin do chur an céill. Tha mi uime sin ag ràdh aon uair eile ;

3. Gur, h-e cùram an anama an *t-aon ni feumail*, a chionn as eugmbais nach urrainn duibh dol as o thruaighe bhith-bhuan, ni is dòcha bhi air 'an-tromachadh, 's cha 'n ann air a lughdachadh leis gach ni tha thu 's an àm a' sealbhachadh.'

Cha 'n 'eil ni a' 's soilleire o fhocal Dhé na firinn. Ma bhitheas e gu soilleir r' a fhaicinn gu bheil cùis shocraichte ann, nach 'eil a' toirt misneich ri dùil no dòchas is fàbh-arrache, 'No gu 'm bi na h-aingidh uile air an cur do ifrinn, eadhon gach cinneach nach cuimhnich Dia.' ⁽¹⁾ 'Théid iadsan chum peanais shìorruidh.' ⁽²⁾ chum staid far an iarr iad am bàs an dìomhanas, oir teichidh e uatha. Och ! a dhaoine tha e na dhearbh-fhìrinn chinnt-eich ach eagalach, gum mair bhur n-anamanna smaointeachail agus neo-bhàsmhor, d' an aindeoin féin. Feudaidh iad iad féin a chlaoidh, ach cha 'n urrainn doibh cur as doibh féin. Cha mhò is urrainn doibh ceud-fath an smuaintean agus am mothachaidh a chumail 'na thàmh, ni 's mò na dh' fheudas sgàthan na gathan a tha dealradh air 'uachdar a bhacadh. Am bheil amharus agaibh gur h-ann air atharrachadh a tha chùis ? Dearbhaibh a' chùis air ball. Orduichibh d' ar n-inntinne sgur o smuaintibh aoncheathramh na h-uaire, no lethcheathramh, agus fògraibh air falbh gach smuain agus beachd. An saoil sibh an soirbhich le 'r n-oidheirp ? No nach e, ar leibh, gu bheil 'ur smuainte ni 's lìonmhoire le sibh a bhi 'g am bacadh ; mar ni 'ur ro-dheòthas gu codal, 'ur cumail o shuain. Mar so leanaidh comas smuaineachadh sibh an taobh thall do 'n

¹ Salm ix. 17.

² Mat. xxv. 46.

bhàs. Mar so fòiruidh se e féin oirbh, mar aoidh neothaitncaeh, an uair nach dean e aeh 'ur claidh agus 'ur n-inntinn fhàgail iomaguncach. Bithidh i am feasd a' eur iomchoir' oirbh, ged a bha Dia, daoine, agus 'ur coguis féin 'g ur dian-earalachadh, scadh agus tagradh fuil Chrìosd, gu 'n dcaehaidh sibh air 'ur n-aghaidh 'n ur n-amaideachd, gus an do chaill sibh flaitheas, agus gu 'n d'rinn sibh 'ur léir-sgrìos cinnteach? agus sin uile air son, eiod? air son faileas agus faoin bhruadar.

Och, a pheacaichibh, na smuainichibh gu 'n toir bhi cuimhncachadh air 'ur sòlasaibh, air 'ur soirbheachadh 'n 'ur gnothuichibh, am feadh a rinn sibh dearmad air an *aon ni fheumail*, suaimhncas d' 'ur n-inntinn. 'S dòcha e a dhcanamh am barrachd claidh orra. 'A mhic euimhnich gun d'fhuair thusa 's a' bheatha so do nithe maithe.' 'S dòlasach an smuain e! Is maith a dh' fheudadh Bàird nan cinneach na spiorada neo-shona sin 's na h-ionadaibh ìochdrach a chur an céill, mar ri dian-strì gu ruigheachd air uisge na dì-chuimhn', gidh-eadh eha b'urrainn dhoibh. Bheir na sòlais a thia sibh an dràsda a' mealtuinn am barrachd mothachaidh dhuibh air 'ur truaighe, a chionn gun d' rinn sibh mi-fheum do na sochairean agus do gach cothrom a chuireadh 'n 'ur làimh. Gu cinnteach, na 'n rachadh na nithe sin a thoirt gu eùramach faincar, agus an làn-chreidsinn, cha bhiodh an tuilleadh sunnd air a' pheacach r' a shoirbheachadh, na bhiodh aige ri e féin a thoileachadh le dol tre lios àillidh trid an robh e ri bhi air a threòrachadh gu peanas cràitcach fhulang.

Aeh eha 'n ainmich mi tuilleadh mu na nithibh sin. B' fhearr leam gu 'n dcònaichcadh Dia nach biodh neomhothachadh anabarraeh inntinn dhaoine, agus an déidh mhillteach a th' aca air sòlais agus cùraim na beatha so, 'g a dheanamh fceumail 'ainmeachadh co tric agus co soilleir!

IV. Tha mi nis a' dol air m' aghaidh chum nan smuaintean a tha gu nàdurra ag éiridh o sin, agus cha 'n ainmich mi ach a dhà.

1. An t-aobhar tha againn gu bhi dubhach air son

amaideachd a' chinne-dhaoine le dearmad a dheanamh air *an aon ni fheumail*.

Ma 's e diadhachd da rìrcadh am fìor ghliocas, 's cinnteach gu bheil an t-aobhar a' 's fearr againn gu ràdh le Solamh, 'Gu bheil amaideachd agus cuthach 'an cridh-eachaibh dhaoine.' (1) An e an *t-aon ni fheumail e?* Gabh beachd air giùlan a' chuid a' 's pailte do 'n chinne-dhaoine, agus saoilidh tu gu 'n robh iad am barail gum b' e 'n t-aon ni neo-fheumail a bh' ann: faoineachd agus bruadair dìomhain na h-inntinn. Tha Dia 'g an teagasg le 'òrduighibh, agus le 'fhreasdail, air uairibh le nithibh uamhasach, chum gun smaoinich iad air; 'Tha e labhairt aon uair, seadh dà uair,' seadh fòs iomadh uair, ach cha 'n 'eil suim aig duine dheth.' (2) Feudaidh e bhi gu bheil iad ag aidmheil bhi creidsinn gach ni a thuirt mi, ach tha 'n dèanadas calg-dlùreach 'n a aghaidh; ruithidh iad cunnart an anamaibh agus sìorruidheachd air son ni faoin, air son nach cuiradh iad uiread agus làmh, no meur, no alt, no theagamh uiread agus seud gun seadh a tha 'g a dheanamh rìomhach, an cunnart air a shon. 'S cinnteach gu bheil so a' cur ioghnaidh air na h-ainglibh, agus theagamh air na dcamhnaibh cuideachd, mar d'thug a' choinhìon uair 's a chunnaic iad e an t-iongantais air falbh. 'S am feud sinne, mo bhràithre Criosduidh, amharc air le caoin-shuaraiche? Na 'm biodh cuthach gabhaltach air glacadh ar dùthcha, no na h-ionadan 's a' bheil ar còmhnuidh, air chor 's ge b' e àit an d'thigeamaid gu 'm faiceamaid daoin' air boile, agus n' am measg-san, na daoine bu tùraile inntinn, agus anns na dreuchdaibh a b' inbheiche 's a' bheatha so, g' an toileachadh féin le sopaibh agus le faoineachd, no g' an lotadh féin agus dhaoine cìle; cha 'n 'eil teagamh ged a bhitheamaid féin saor o 'n bhuaireas, nach cuireadh an scalladh déistinn oirnn. Gu deimhin cha dùraigeadh duine tiom-chridheach uiread agus dol a mach, no idir a bhi déidheil air bli beo, a 'measg a' choimhìon sealladh muladach. Gidheadh dh' fheudadh na daoine bochda sin ged a bha iad mar sud a bhi 'n an cloinn do Dhia, agus mar a b' àirde an cuthach, gur h-ann bu dlùithe iad air an sonas iomlan. Ach

¹ Eccles. ix. 3.

² Job xxxiii. 14.

mo thruaighe, tha chuid a' 's pailte do 'n clinne-dhaoine air am bualadh le cuthach a' s measa leis am bheil iad a' tar-ruing sgrìos air an anamaibh féin: agus am feud sinn amharc air gun iomaguin! Gu 'm mosgladh Dia ar n-ìochd, ar n-ùrnuigh agus ar dìchioll, le earbs' as a ghràs, chum gu 'm bi sinn 'nar n-inneil chum an aiseag gu 'n céill féin, agus an deanamh glic, eadhon, glic chum slàinte.

2. Cia feumail a tha e gu 'n rannsaicheamaid gu cùramach cìod am meas a ta againn air an *aon ni fheumail* so!

Ceadaichibh dhomh 'ur n-earrann féin deth a chur 'n 'ur cuimhne, agus a rannsachadh—An do smuainich mi gu dùrachdach uime?—Am faca mi co feumail 's a tha e?—An do dhrùigh e air m' inntinn?—An d'thug e dh' ionnsuidh Chrìosd mi, chum gu 'n cuirinn uallach mo shonais shìorruidh air? 'S am bheil mi a' caitheadh mo bh-catha mar aon aig am bheil na geur-mhothachaidh sin?—Am bheil mi da rìreadh toileach gach ni eile thoirt suas do 'n ni so, mo bhuanachd, mo shòlais, agus mo thograidh?—Am bheil mo chomhludair ri Dia agus ri daoineibh, mar aon a tha creidsinn nan nithe sin, mar aon a ghabh a' chuid mhaith sin gu socrach mar roghainn, 's a tha cur roimhe deanamh leis an roghainn sin?

Thugaibh fainear am freagradh a tha a' choguis a' toirt air na ceistibh sin, agus tuigidh sibh 'ur cuid àraidh féin 's a' cho'chur shònruichte sin, leis an crìochnaich mi an t-scarmon so.

1. Ceadaichibh dhomh earail a thoirt orra-san a tha ri tur-dhearmad air an *aon ni fheumail*.

A dhaoine, bha mi a' cur na cùise an céill gu soilleir, agus leigeam a nis gu breith 'ur coguis féin, am bheil a' chùis mar sin no nach 'eil? 'S ann aig Dia agus aig 'ur cridhibh féin is fearr aig a' bheil fios c' ar son a tha sibh a' deanamh dearmaid air 'ur n-anamaibh? Ach cìod air bith e, cha 'n 'eil an t-eadar-dhealachadh mòr eadar aon tomhas beag gaineimh agus tomhas beag eile, an coimeas ri tàlann òir. Cìod air bith e, 's feumail duibh a cheasnachadh gu cùramach. 'S iomchuidh dhuibh an ni sin a cheasnachadh gu mìn, air son an abradh sibh

gu 'm b' fhiù dhuibh 'ur n-anam a reic air a shon; air son so cailidh mi nèamh, agus gabhaidh mi cuid mo chunnairt do dh' ifrinn; ge b' e air bith mar tha nèamh agus ifrinn. An ainm Dhc, fhcara, an ann mar so bu chòir do dhuine a tha 'na clrcutair reusonta e féin a ghiùlan? mar so a' dol air 'ur n-aghaidh le' r sùilibh fosgailte do shlochd an lèir-sgrìos shìorruidh, a chionn gu bheil beagan do ncòineanaibh àillidh air an rathad. No ged a dhruideas sibh 'ur sùilean, am bac sin sibh o thuiteam? Cha mhòr is fiù e a ràdh, cha smaoinich mi air na nithibh sin, cha d'thoir mi fainear iad. Thubhairt Dia ' anns na làithibh deireannach bheir sibh so fainear le làn aire.' (1) Cha d' thoir misg no mi-riaghailt an fhir fo bhinne bàis orra dàil a dheanamh ann cur na breth an gnìomh. Loghaibh mo dhurachd; na 'm bu naidheachd no faoin sgeul a bhiodh ann, bheirinn oidheirp air 'ur toilcachadh le deas-chainnt, ach cha 'n fheud mi sin a dheanamh far am bheil 'ur n-anamanna an cunnart.

2. Bheir mi earail orra-san aig am bheil mothachadh air luach an anama, ach a tha dcònach air dàil a chur beagan ni 's faide, ann an cùram a ghabhail diubh, ni tha iad a' meas feumail a dheanamh.

Tha fios agam gu bheil sibhse tha òg fo bhuaireidhean àraidh gu so a dheanamh; ged a tha e 'n a aobhar ìoghnaidh nach 'eil bàs a' choimhlion aon d'ar combanaich 'n a aobhar dhuibh gu cur an aghaidh nam buairidhean a 's cunnartaiche dhiubh sin. Saoilidh mi ma tha bheag air bith do dh'amharus m' an chùis, gu bheil feumalachd a' ghnòthuich tuille 's cudthromach gu a chur 's a' chunnart. Ach an so tha nco-chinntichead na cùise mòr agus soilleir. 'S éigin gu bheil fios agaibh gu bheil àm cunnartach 's a' bheatha so, chum a ghnòthuichean a riaghladh, agus ma nithear aon uair dearmad orra, bithidh iad gu tur cailte. Is àm cunnartach so. 'S e so an t-àm taitneach, agus là na slàinte. (2) An diugh ma chluinneas sibh a ghuth, na cruadhaichibh 'ur cridhe.' (3) Theagamh nach labhrar a' chainnt so a màireach. Na toir luaidh air àm a 's 'iomchuidh,' cha 'n urrainn àm a 's iomchuidh a bli ann; agus 's e 'n t-àm a chuireadh sibh

¹ Ier. xxiii. 20.

² Cor. vi. 2.

³ Eabh. iii. 7, 8.

roimhibh, an t-àm is neo-chuimiseche air a shon, eadhon—
 àm 'ur bàis. Cha b' àill leibh, ma ta, gnothuch cud-
 thromach 'sam bitli a bhi agaibh 's an àm sin mu làimh ;
 agus an cuir sibh le 'r saor thoil féin dàil 's a' ghnothuch a' 's
 cudthromaich' a bha riamh agaibh gus an àm airsneal-
 ach, cabhagach, agus uamhasach sin. Na 'n d'thigeadh
 caraid d' ur n-ionnsuidh 's an àm sin le còrr cunntais a
 bhiodh dcacair r'a shocrachadh, no a dh' innseadh dhuibh
 mu oighreachd a bha tighinn oirbh, chrathadh sibh 'ur
 cinn euslan, agus thogadh sibh suas 'ur làmh gun chli,
 agus theagamh gu 'n abradh sibh le guth fann, ' Mo
 thruaighe, An àm so air son nan nithe sin?' Agus an
 àm e ma ta, air son nithe gu mòr is mò na iad sin?
 B' fliarr leam gu 'm biodh fios agaibh, 's gu 'n d' thugadh
 sibh fainear, ciod an staid 's am bheil sinne is ministeirean,
 aig iomadh uair, 'n uair a ghairmear sinn a dh' fhaicinn,
 aig àm am bàis, na h-aitim a rinn dearmad air an *aon ni
 fheumail*. Bithidh eagal oirnn air an dara làimh, ma
 cheilcas sinn ar barail 's gu 'n labhair sinn nithe m'ne riu,
 gu 'n tarruing sinn sgrios air an anamaibh ; agus air an
 làimh eile, ma bhios sinn gu saor, soilleir, dùrachdach, ag
 innseadh an cunnairt doibh, gu 'n toir sinn mi-mhisneach
 dhoibh, 's gu 'n luathaich sinn àm an caochlaidh, a tha
 tarruing dlùth dhoibh leis na li-uiread do chabhaig. O cead-
 aichibh dhomb, a ghuidheadh oirbli air ar sgàth-ne, agus gu
 ro-shònruicht' air 'ur sgàth féin, nach cuireadh sibh sinn
 chum a leithid sud do dheuchainn ; ach ma tha moth-
 achadh agaibh, mar tha dòchas agam gu bheil aig cuid
 agaibh a nis, gur h-e cùram an anama an *t-aon ni feumail* a
 chuir sinn an céill, gu 'n cedaich sibh do'n gheur-mboth-
 achadh oibreachadh, gu 'n cuir e sibh air ball gu rìgh-
 chathair nan gràs, chum o sin gu 'm faigh sibh an gliocas
 agus an neart sin a stiùireas sibh anns gach cruaidh-chas a
 dh' iadhas umaibh, agus a bheothaicheas sibh a measg
 gach trioblaid agus mi-mhisnich a thig 'nur caraibh.

3. B' àill leam, 's an àite fa dheireadh, m'aghaidh a thoirt
 air na daoineibh sona sin, a ghabh da rìreadh cùram do 'n
aon ni fheumail.

Tha dòchas agam 'n uair a chi sibh co tric 's a tha e air
 a dhearmad, gu minic, le mòran a tha 'n cumhachd

nàdurra, am fòghlum, agus an staid 'sa bheatha so, ar leibh, os cionn 'ur staid féin, aidichidh sibh, gu 'm b' e saor ghràs a thug sibh chum na h-inbhe shona so, 's a dh' oibrich an cùram feumail so annaibh. Thugaibh buidheathas do Dhia uime sin, a thug a chomhairl' oirbh a stiùir sibh, trid am feud sibh a ràdh, 'Gur esan 'ur crannchur.'—Biodh aoibhneas oirbh le bhi cuimhneachadh gu bheil an gnothuch mòr air a dheanamh cinnteach; mar is nàdurra dhuinn a bhi oirnn, 'n uair a chrìochnaicheas sinn gnothuch cudthromach éigin a bha rè ùine mhòir againn mu làimh, 's anns an robh sinn o latha gu latha a' cur dàil, ach a thug sinn mu dheireadh gu h-adhartach gu crìch.—Cuimhnichibh a bhi sìor dhol air 'ur n-aghaidh 's na rùintibh suidhichte a chuir sibh an tùs roimhibh; agus a' toirt gu cùramach fainear, gur h-éigin doibhsan leis am miann gu 'm faigh iad am *beatha* air a' cheann mu dheireadh 'mar chreich,' a bhi do ghnàth air am faicill anns gach earrann do 'n turus trid fhàsaich 's a bheil cunnartan gach latha ag iadhadh m' an cuairt doibh. —Air dhuibh an gnothuch feumail a bhuannachd, na biodh iomaguin oirbh mu ghnòthuichibh beaga. Roghnaich sibh 'rìoghachd Dhé, agus 'fhìreantachd, uime sin cuirear riutha sin gach ni a bhitheas feumail duibh; agus mur faigh sibh gach ni a mbiannaicheas sibh, bithibh toilichte leis an smuain so, gu bheil 'a chuid mhaith sin agaibh nach d'thoirear am feasd uaibh.'—Agus gun tuilleadh a ràdh mu chùis a tha co soilleir, bithibh cùramach gu 'n tigcadh daoine eile gu cùram a ghabhail do 'n *aon ni fheumail*. Ma tha e *feumail* duibhse, 's amhuil a tha e d' ur cloinn, d'ur cairdean, agus d'ur seirbhisich. Faiceadh iad uime sin 'ur cùram umpa m' an chùis so, co maith agus umaibh féin. Thugadh pàrantan, gu h-àraidh, an aire do'n carail so, a tha gu minic cùramach m' an cloinn an cùisibh eile, ach a tha deanamh dearmaid air so. Cuimhnichibh gur teagamh nach mair 'ur clann beò a shealbhachadh toraidh 'ur saothrach agus 'ur cùram a' faighinn oighreachd agus maoin doibh. Theagamh gur e costus an adhlaic na dh' fheumas sibh a bhuileachadh orra, ged bu mhòr 'ur n-iomaguin m' an timchioll an càrnadh suas stòrais doibh. Agus O! smuainichibh ciod a' ghuin a

rachadh troimh 'ur cridhe, na 'm bitheadh sibh 'n 'ur seasamh làimh ri corp 'ur leinibh ghràdhaich leis an smuain so, 'Tha 'n truaghan bochd so air fàgail na beatha, mu 'n d'fhòghlum e 'n gnothuch mòr m'an d' thàinig e ann; agus tha e nis an sìorruidheachd, mu 'm b'ainmic a thug mi comhairl' air bhi deas air a son, agus theagamh gu 'n robh mo ghiùlan féin na impidh air esan g' a dhearmad.'

Mar cho'-dhùnadh do 'n iomlan, gu robh an cùram mòr so air a dhùsgadh annta-san a rinn fathast dearmad air; gu 'n robh e air 'ath-bheothachadh ann an inntinn gach aoin againn. 'S a chum am barrachd misneich a thoirt duibh chum a ghnàthachadh leis an tuilleadh suilbhreachd, crìochnaichidh mi leis an smuain shòlasach so, gu bheil gràs Dé a' buileachadh còmhnaidh oirnn a réir ar feuma. Ma tha rùn oirbh suidhe sìos aig cosaibh Chrìosd, teagaisgidh e sibh le 'fhocal agus le a Spiorad. Ma dh' earbas sibh an seud luachmhor so, eadhon 'ur sonas sìorruidh ris, coimhididh se e chum an *là sin*, agus an sin nochdaidh se e air a dheanamh ro-àillidh, agus gu mòr ni 's fearr, chum a chliù féin, agus chum 'ur n-aoibhneas sìorruidh-sa. *Amen.*

CRIOCH.

Duneidinn:
Clodh-bhuailte le D. R. Collie.



